



Halò, is mise Leòdhas an tarbh Gàidhealach.
Tha mi ùr thighinn dhan tuathanas agus tha
Gàidhlig agam!

A bheil Gàidhlig agad fhèin? Faic an taigh-
tasgaidh uile còmhla rium agus faigh a-mach
mu thraidiseanan Albannach air an t-slighe.

Tòisichidh sinn leis na figheadairean
ropa a tha mu choinneamh an
Stòras Sgrùdaidh.

Dealbhaich am figheadair ropa agad fhèin
gu h-ìosal!


Fios spòrsail! Tha cruth eadar-dhealaichte aig
gach figheadair ropa.

Rach gu Gailearaidh an Fhearainn

A bheil thu a' faicinn
na spaid bhonnachan
ann an cruth cridhe?



Tha trì eile ann timcheall an
taigh-tasgaidh - cuir comharra
ri taobh gach tè a lorgas tu.




Tha sinn an
dòchas gum bi
gaol agad air an
taigh-tasgaidh.



Bhiodh an tuathanach aig an t-seann
tuathanas agam a' cleachdadh adharc-sìolaidh
gus an sìol aig glasrach sònraichte a chur.

An urrainn dhut an t-adharc-sìolaidh a lorg ann
an **Gailearaidh an Fhearainn**?

Ceangal na dotaichean gus sealltainn dè an
glasrach a bh' ann!



Rach gu Gailearaidh nan Daoine

A bheil thu ag iarraidh dannsa a' chlaidheimh a dhèanamh? An urrainn dhut am postair mu Gheamannan Gàidhealach a lorg? An urrainn dhut dannsadh mar na dannsairean air a' phostair?



An toil leat a bhith a' dannsa?
Is toil leamsa!


Feuch air dannsa claidheimh Gàidhealach, ach feuch gun a bhith a' suathadh do chasan air na claidheamhan!




Is toil leam dannsa agus ceòl!

A bheil thu a' faicinn na fìdhle agus a' bhogha a chleachdas mi gus na fuinn ASvas fhèarr leam a chluich?

Thoir sùil gheur air a' bhogha. A bheil thu a' faicinn falt beathaich? Dè am beathach às an tàinig e nad bheachd-sa?



Each



☐ Muc



Bò

Lorg Gailearaidh nan Innealan




An do chleachd thu cuibhlesnìomha riamh?

A bheil thu a' faicinn na cuibhlesnìomha?

Tha seo air a chleachdadh gus rùsg-caorach a snìomh gus clòimh a dhèanamh.

Cuir a-steach na pàirtean a tha a dhìth dhan dealbh.



Dè as motha a chòrd riut?

Mar sin leibh uile. Taing airson tighinn an-diugh!

